




An
Leòmhann agus
an Luchag



Air ath-innse le Diana Bentley . Na dealbhan le Cathy Baxter



A' cleachdadh an leabhair seo

Tha an leabhar seo airson gum bi inbhich agus clann ga leughadh còmhla.

Bidh an t-inbheach a' leughadh an stòraidh gu lèir agus a' misneachadh na cloinne gu leughadh an seantans a th' anns a' bhuilgean. Mar seo gheibh a' chlann an taic air a bheil iad a' cur feum aig a' chiad ìre leughaidh.



Uair bha siud bha leòmhann mòr agus luchag bheag ann.

Aon là chunnaic an luchag bheag an leòmhann na shìneadh anns a' choille.

Chunnaic an leòmhann an luchag bheag.

Rug é air an luchag bhig le spòig.

“Na ith mi,” thuirt an luchag.

“Aon là, ’s dòcha gun cuidich mi thu.”

Rinn an leòmhann gàire ach leig e às an luchag bheag.

“Tha thu ro bheag,” thuirt an leòmhann.

“Dè nì thusa dhòmhsa?”

Ach thuirt an luchag bheag,




Cuidichidh mi thu

An ath là chaidh an leòmhann a ghlacadh ann
an lion.

“Cuidich mi,” thuir an leòmhann.

Thàinig muncaidh agus thuir e,

Cuidichidh mi thu




Dh'fheuch am muncaidh ri chuideachadh.

Ach cha b' urrainn dha.

“Cuidich mi, cuidich mi,” thuirt an
leòmhann.


Thàinig nathair agus thuirt i,

Cuidichidh mi thu




Dh'fheuch an nathair ri chuideachadh.
Ach cha b' urrainn dhi.
"Cuidich mi, cuidich mi," thuirt an
leòmhann.
Chuala ailbhean an leòmhann.
Thàinig an t-aibhean agus thuirt e,

Cuidichidh mi thu



Dh'fheuch an t-ailbhean ri chuideachadh.
Ach cha b' urrainn dha.
"Cuidich mi, cuidich mi," thuir an
leòmhann.
Chuala an luchag bheag an leòmhann.
Thàinig an luchag bheag agus thuir i,

Cuidichidh mi thu



Chagainn an luchag bheag na ròpan.


Bhrist na ròpan agus fhuair an
leòmhann às.

“Tapadh leat,” thuirt an leòmhann.

“Tha thu beag ach chuidich thu mi.”

Rinn an luchag bheag gàire agus thuirt i,

Chuidich.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

© Diana Bentley
A' chiad fhoillseachadh 1996

Am foillseachadh seo anns a' Ghàidhlig 1999
le PRG/Acair

© na Gàidhlig PRG

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar
seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead
ro-làimh bho PRG • Acair.

Clò-bhuailte le Scotprint, Dùn Eideann.
LAGE/ISBN 0 86152 292 3